# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

**(SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION)**

**THA FOILLSEACHADH BBC ALBA AIR FREEVIEW "NA CHEUM ANABARRACH SÒNRAICHTE ANN AN ATH-BHEATHACHADH NA GÀIDHLIG ANN AN ALBA"**

**Airson a chleachdadh sa bhad**

Tha Bòrd na Gàidhlig, a' phrìomh bhuidheann le uallach airson adhartachadh is leasachadh na Gàidhlig, air comharrachadh gu bheil foillseachadh BBC ALBA air Sianal 8 Freeview an-ath-sheachdain mar "chuideachadh anabarrach sònraichte agus deatamach do ath-bheathachadh is gnàthachadh na Gàidhlig ann an Alba". Tha am Bòrd air a bhith ag obair gu dealasach le MG ALBA, am BBC agus Urras a' BhBC thairis air a' bhliadhna a chaidh seachad gus ruigsinneachd fhaotainn do luchd-amharc BBC ALBA air Freeview.

Thuirt Iain Aonghas MacAoidh, Ceannard Bhòrd na Gàidhlig, gur e "seo an aon seirbheis Ghàidhlig telebhisean a tha ri fhaotainn anns an Rìoghachd Aonaichte, agus bheir foillseachadh air Freeview cothrom do mhòran a bharrachd dhaoine tlachd a ghabhail à slighe a-steach gun Ghàidhlig. Tha BBC ALBA mar aon eileamaid ann an sreath de cheanglaichean cudromach tarsainn àrd-ùrlaran nam meadhanan a tha air mean-fhàs gu cudromach anns na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, agus tha e air bun-stèidh a chur sìos airson tuilleadh leasachaidh agus fàs seasmhach anns an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba."

"Bidh Bòrd na Gàidhlig a' cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig ùr air bhog as t-Fhoghar am-bliadhna, agus bidh gluasad BBC ALBA gu Freeview an-ath-sheachdain, ris a bheil sinn a' dèanamh gàirdeachas, deatamach ann an cur taic ri ar prìomh amas air an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig a mheudachadh, a thuilleadh air a bhith a' gabhail a-steach na tha de dh'obair a' dol air adhart ann am foghlam ro-sgoile; foghlam ann an sgoiltean, colaistean

www.gaidhlig.org.uk
Fòn: 01463 225 454

is oilthighean; na cothroman a tha a' sìor leudachadh do dh'inbhich gus an cànan ionnsachadh; agus gnìomhachdan ealain Ghàidhlig air feadh na h-Alba."

"Tha Bòrd na Gàidhlig air leth dealasach a thaobh leantainn air adhart a' leasachadh an t-sianail agus a bhith ag obair leis na com-pàirtichean a tha ga liubhairt, gus am bi BBC ALBA ag obair gu math na coimhearsnachd ann an Alba."

**Deireadh**

**Airson tuilleadh fiosrachaidh mu shusbaint an fhios naidheachd seo, cuiribh fios gu Iain Aonghas MacAoidh, Ceannard, Bòrd na Gàidhlig air 07500 089 661.**

**Bòrd na Gàidhlig**

Brath Naidheachd
*Press Release*

**BBC ALBA LAUNCH ON FREEVIEW IS "AN IMMENSELY SIGNIFICANT STEP IN THE REVITALISATION OF GAELIC IN SCOTLAND ”**

**For use immediately**

Bòrd na Gàidhlig, the principal body responsible for the promotion and development of Gaelic, has signalled next week’s launch of BBC ALBA on Freeview Channel 8 as “an immensely significant and crucial contribution to the revitalisation and normalisation of Gaelic in Scotland ”.

The Bòrd has worked constructively with the MG ALBA, the BBC, and the BBC Trust over the last year to secure access for BBC ALBA viewers to Freeview.

Bòrd na Gàidhlig Ceannard, John Angus MacKay , said that “this is the only Gaelic television service available in the UK and its launch on Freeview will allow so many more people to enjoy access to the Gaelic language. BBC ALBA is just one element of a series of important linkages across media platforms which have evolved significantly in the last few years and it has laid the groundwork for further development and sustainable growth in the number of Gaelic speakers in Scotland ”

“Bòrd na Gàidhlig will be launching a new National Plan for Gaelic this Autumn, and the very welcome move of BBC ALBA on to Freeview next week will be critical to supporting our primary aim of increasing the number of Gaelic speakers, as well as embracing all the work happening in Gaelic pre-school education; education in schools, colleges and universities; the ever increasing opportunities for adults to learn the language; and Gaelic art s activities throughout Scotland.”

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

"Bòrd na Gàidhlig is fully committed to continuing the development of the channel and will work in with the partners involved in its delivery to make BBC ALBA work in the interests of the Scottish community.

**Ends**

**For further information on the contents of this news release, please contact John Angus MacKay , Ceannard, Bòrd na Gàidhlig on 07500 089 661.**